

BÒRD NA GÀIDHLIG

Coinneamh a' Bhùird-stiùiridh
Diardaoin 14/12/2023 09.30-15.00
Air loidhne tro MS Teams
GEÀRR-CHUNNTAS

Board Meeting
Thursday 14/12/2023 09.30-15.00
Online via MS Teams
MINUTES

SEISEAN FOSGAILTE

OPEN SESSION

1.0 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

OPENING ITEMS

1.1 Buill Bùird an làthair:

Members present:

Màiri T NicAonghais (MTNA) [Cathraiche]
Dòmhnall K Mac a' Phì (DKM)
Donald MacAoidh (DMA)
Jennifer Gilmour (JG)
John Neil Dòmhnallach (JND)
Michelle NicLeòid (MNL)
Nicola NicThòmais (NNT)
Rob Dunbar (RD)
Seonaidh Charity (SC)
Stewart MacLeòid (StML)

Màiri T MacInnes (MTMI) [Chair]
Donald K MacPhee (DKM)
Donald MacKay (DMK)
Jennifer Gilmour (JG)
John Neil MacDonald (JNM)
Michelle MacLeod (MML)
Nicola Thomson (NT)
Rob Dunbar (RD)
Seonaidh Charity (SC)
Stewart MacLeod (StML)

An làthair:In attendance:

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard/Oifigear Cunntachail (ED)
Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh (IMM)
Jennifer McHarrie, Stiùiriche Foghlaim (JMH)
Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra (NP)
Ruairidh Hamilton, Oifigear Conaltraidh (RH) – *Puing 3.2*
Orla NicDhòmhnaill, A' clàradh a' gheàrr-chunntais (OMD)

Ealasaid MacDonald, Ceannard/Accountable Officer (EMD)
Iain MacMillan, Director of Development (IMM)
Jennifer McHarrie, Director of Education (JMH)
Nicola Pearson, Head of Finance & Corporate Affairs (NP)
Ruairidh Hamilton, Communications Officer (RH) – *Point 3.2*
Orla MacDonald, Recording Minute (OMD)

1.2 Fàilte bhon Cathraiche

Welcome from the Chair

Chur an Cathraiche fàilte air a h-uile duine don choinneimh.

The Chair welcomed everyone to the meeting.

Leisgeulan:Apologies:

Cha robh gin ann.

There were none.

1.3 A' nochdadh chom-pàirtean

Declarations of interest

JG – Riaghaltas na h-Alba

JG – Scottish Government

2.0 IONMHAS

FINANCE

2.1 Aithisg Ionmhais gu 30/09/2023

Finance Report to 30/09/2023

Thug NP geàrr-chunntas do Bhuill air an aithisg ionmhais. Chaidh innse do Bhuill, ged a bhathar £120,000 air thoiseach air a' bhuidseit aig àm na coinneimh, gun robh cosgais a' bhuidseit shlàn ri fhaicinn tro ghealltanasan. Chaidh aithris labhairteach a thoirt seachad gu deireadh an t-Samhain agus chaidh innse gun robh BnG a-nis beagan air dheireadh air a' bhuidseit.

NP provided Members with an overview of the finance report. Members were told that, while £120,000 ahead budget at the time of the meeting, a full spend of the budget was reflected through commitments. A verbal update to the end of November was given and it was noted that BnG were slightly behind budget.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don Aithisg Ionmhas.

Decision:

Members noted the Finance Report.

3.0 PLANA CORPORRA IS COILEANADH

CORPORATE PLAN AND PERFORMANCE

3.1 Fios as ùr air foghlam

Education Update

Thug JNH fios as ùr do Bhuill air obair air foghlam, na lùib fios mu freagairtean co-chomhairle, fios mu neach-obrach ùr san sgioba, tachartasan agus obair com-pàirteachais airson obair foghlam brosnachadh. Thug i tuilleadh fiosrachadh do Bhuill air coinneamh leis an GTCS mu dheidhinn atharrachadh ann an feumalachdan airson cùrsa tòiseachadh.

JMH gave an update to Members on education, including information on consultation responses, a new member of staff in the team, events, and work with partners to encourage education work. She provided Members with further information on a meeting with the GTCS about a change in entry requirements.

Members welcomed the opportunity for organisations to take part in the consultation for the Statutory Guidance on Education.

Chur Buill fàilte air an cothrom airson bhuidhnean pàirt a ghabhail sa cho-chomhairleachaidh air an Stiùireadh Reachdail.

Thug Buill meal a naidheachd don sgioba air an obair a rinn iad thar na bliadhna.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don Fios as ùr air foghlam.

3.2 Suirbhìdh Luchd-ùidh 22-23

Thug RH fios do Bhuill mun suirbhìdh luchd-ùidh airson am bliadhna 2023 agus na beachdan a bha ri faicinn tro na toraidhean. Thugadh fios nach deach mòran freagairtean a chur a-steach agus gun do thug seo buaidh air na toraidhean.

Dh'fhaighnich Buill dè ghabhadh dèanamh airson barrachd freagairtean fhaighinn san àm ri teachd. Mhol a' Cheannard gun till an cuspair seo don Bhòrd-stiùiridh aig an ath choinneamh le fios air ciamar a thèid an ro-innleachd conaltraidh a chur air bhog.

Gnìomh:

Ro-innleachd conaltraidh ri chur ri clàr-gnothaich choinneamh Bòrd-stiùiridh ri teachd.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don Suirbhìdh Luchd-ùidh.

Members congratulated the education team on the work they had done throughout the year.

Decision:

Members noted the Education Update.

Stakeholder Survey 22-23

RH gave an update to Members on the 2023 stakeholder survey and the opinions that were raised through the responses. He noted that there were not as many responses as previous years and that this had an effect on the results.

Members asked what could be done to encourage more responses in future. The Ceannard recommended that this be revisited at the next Board meeting where information on how the Communications Strategy was being implemented would be provided.

Action:

Communications Strategy to be added to the agenda for a future Board meeting.

Decision:

Members noted the Stakeholder Survey.

4.0 RIANACHD MHÌ-CHINNTEAN

4.1 Clàr mhì-chinntean Ro-innleachdail

Dh'innis NP do Bhuill mu atharrachaidhean air a' Chlàr Mhì-chinntean Ro-innleachdail bhon choinneamh mu dheireadh, a' gabhail a-steach aithrisean a bharrachd a chaidh a chur ris agus loidhnichean miann mhì-chinnt air an ùrachadh. Dh'aontaich a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd gum biodh aithris agus sgòr mhì-chinnt air a gabhail a-steach san ath dreachd. Thug NP fiosrachadh às ùr do Bhuill air tèarainteachd dhìseatach. Chaidh iarraidh air Buill aontachadh dè bu chòir a thaisbeanadh dhaibh san àm ri teachd.

Thog Buill gun robh mion-fhiosrachadh a dhìth air cuid de na mì-chinntean. Mhìnich NP gun deach na puingeann seo a thogail aig coinneamh Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd agus, mar thoradh air a' phròiseas riaghlaidh, nach deach aontachadh fhathast.

Dh'fhaighnich Buill am bu chòir fianais mu cho-obrachadh le buidhnean com-pàirteachais a bhith ann, agus thug NP fa-near gun tèid seo a thogail leis an Sgioba Stiùiridh.

Mhol Buill gum bu chòir cunnart sam bith nach eil uaine a bhith ga sgrùdadh aig ìre Bòrd-stiùiridh agus gum bu chòir barrachd fiosrachadh a bhith anns na cunntasan cunnairt. Bha còmhradh ann mu mar a thèid cunnartan a tha taobh a-muigh smachd a' Bhùird làimhseachadh agus thug IMM fa-near gum bi e cudromach cudrom a chuir air far an urrainn do Bhòrd na Gàidhlig buaidh agus comhairle a thoirt seachad.

Dh'fhaighnich Buill dè an trèanadh a rinn luchd-obrach agus thug NP seachad iomradh air seo.

RISK MANAGEMENT

Strategic Risk Register

NP told Members about changes to the Strategic Risk Register since the last meeting including additional narratives added and risk appetite lines updated. The Audit & Assurance Committee agreed that in the next version this a narrative and risk score would be included. NP provided Members with an update on cyber security. Members were asked to agree what they want to be presented to them in future.

Members raised that some risk descriptions were lacking detail. NP explained that these points were raised at an Audit & Assurance Committee meeting and, due to the governance process, had not been approved yet.

Members asked whether evidence on collaboration with partner organisations should be included, NP noted that this will be raised with the Leadership Team.

Members suggested that any risk which is not green should be reviewed at Board level and that further information should be included in the risk descriptions. There was a discussion around how to manage risks which are outwith the Board's control and IMM noted that it will be important to emphasise where Bòrd na Gàidhlig can provide influence and advice.

Members asked about what training staff had undertaken and NP provided an overview.

Dh'innis Buill den Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd don Bhòrd-stiùiridh mu sgrùdadh misneachail a chaidh a dhèanamh air tèarainteachd agus mhol iad gun tèid aon chunnart a thaisbeanadh don Bhòrd-stiùiridh gus sgrùdadh mionaideach a dèanamh aig gach coinneamh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' phàipear.

Members of the Audit & Assurance Committee told the Board about an encouraging audit on security and suggested that the Board be presented with one risk to review in detail at each meeting.

Decision:

Members approved the paper.

5.0 CORPORRA**5.1 Prògram coinneamhan a' Bhùird-stiùiridh 2024/25**

Thug NP iomradh do Bhuill air am prògram coinneamhan airson 2024/25 agus dh'iarra i gun cuireadh Buill post-d ro dheireadh an ath sheachdain nan robh trioblaid sam bith aca.

Dh'fhaighnich Buill cuin a bhiodh coinneamhan aghaidh ri aghaidh ann, agus thugadh fa-near gum biodh an fhiosrachadh seo ri leantainn.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris am prògram coinneamhan airson 2024/25.

5.2 Ballrachd Chomataidhean

Thug a' Cheannard iomradh air an fhiosrachadh sa phàipear.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh sa phàipear.

5.3 Plana-obrach a' Bhùird-stiùiridh

Thug a' Cheannard fios nach urrainnear Plana Chorporra agus Plana Gnìomh ullachadh gus am biodh Plana Càinain Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28 ann. Thugadh cuideachd fios mu trèanadh a bhiodh a' dol air adhart do Bhuill sa bhliadhna ùr.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris am Plana-obrach.

CORPORATE**Board Meeting Schedule 2024/25**

NP provided an overview of the schedule of meetings for 2024/25 and requested that Members email by the end of the following week if they had any issues.

Members asked when in-person meetings would be held, and it was noted that this information would follow.

Decision:

Members approved the Meeting Schedule for 2024/25.

Committee Membership

The Ceannard provided an overview of the information in the paper.

Decision:

Members noted the information in the paper.

Board Workplan

The Ceannard told Members that a Corporate Plan and Operational Plan could not be prepared until the National Gaelic Language Plan 2023-28 was published. Members were also informed about training which would be available in the new year.

Decision:

Members approved the Workplan.

6.0 GISBE

Ceann-latha na h-ath coinneimh 07/03/2024

Dùnadh na coinneimh

Lèirmheas air a' choinneamh

AOCB

Date of next meeting 07/03/2024

Close of meeting

Review of meeting